

Ceistean agus Freagairtean



Coimhead air duilleag 85.

1. **Carson nach robh Iseabail agus Murchadh air a bhith air cùrsa-mara roimhe seo?**

Bha cursaichean-mara ro dhaor dhaibh.

2. **Mìnich an dà abairt seo:**(a) **Gu tur seach an rathad.**

Cha robh an turas-mara seo buileach ro dhaor agus rachadh aca air pàigheadh air a shon.

(b) **Bha iad an ceann an cosnaidh.**

Bha a' chlann aca air fàs suas agus bha iad a-nis ag obair air an son fhèin. Cha robh iad an eisimeil am pàrantan airgead a chumail riutha.

Coimhead air duilleag 86.

3. **Inns ciail an fhacail cùbhraidh, nad fhacail fhèin.**

brèaghainn/àlainn/milis.

Coimhead air duilleag 87.

- 4. “Bha iad a’ faireachdainn gun robh thìde aca an casan a gharadh ris an teine.”**
Dè tha thu a’ smaoineachadh a tha an t-ùghdar a’ ciallachadh leis an abairt seo?

Bha iad den bheachd gun robh iad le chèile air a bhith ag obair cruaidh fad am beatha agus a-nis, an dèidh an dreuchd a leigeil dhiubh, bha an t-àm aca beagan fois a ghabhail agus feum a dhèanamh den bheairteas a bha iad air a chosnadh dhaibh fhèin.

Coimhead air duilleagan 86 gu 88.

- 5. Cleachd fianais bhon teacsa airson sealtainn gun robh an deichnear a bha aig bòrd còmhla a’ faighinn air adhart gu math.**

Bha iad ag innse dha chèile mun deidhinn fhèin agus an obair anns an robh iad an sàs mus do leig iad dhiubh an dreuchd. Chùm iad a’ còmhradh ri chèile airson còrr is dà uair a thìde.

Coimhead air duilleag 89.

- 6. Carson a tha an sgrìobhadair den bheachd gur e duine crosta a bh’ anns a’ phost?**

Bhiodh e a’ leughadh nan rudan a bhiodh daoine a’ sgrìobhadh gu chèile air cairtean-puist nuair a bha iad air saor-làithean. Bha e a’ gabhail gnothach ri nithean nach buineadh dha sa choimhlearsnachd. Cha robh e ga ghiùlan fhèin gu ceart mar phost nuair a bha e a’ cumail a shùil air dol a-mach dhaoine eile.

Coimhead air duilleag 90.

“Bha Bart ag iarraidh gum biodh luchd a’ bhùird ga mheas cudromach.”

- 7. Ciamar a tha an sgrìobhadair a’ sealtainn gur e seo am beachd a bha aig Bart air fhèin?**

Tha e air innse dhuinn gun do chleachd Bart a bhith ag obair os cionn an riaghaltais, a’ dèiligeadh ris na rudan a bha iad a’ cur an gnìomh. Bha e ag ràdh gun robh eòlas aige air a’ Phriomh Mhinistear agus air buill a’ Chaibineat. Bha fios aige gu mionaideach mun obair a bha aca agus an càirdeas a bha eatarra uile. Bha Bart a’ toirt air a h-uile duine a chreidsinn gur e obair chumhachdach agus chudromach a bh’ aige. Cuideachd, tha e air innse dhuinn gum biodh aodach foirmeil air Bart gach latha fhad ’s a bha iad air bòrd a’ bhàta.

Coimhead air duilleag 92**8. Dè a' cho-fhaireachdainn a sheall Mairead agus Peregrine do Elizabeth?**

Cha do sheall Mairead truas sam bith do Elizabeth oir bha i a' smaoineachadh nach bu chòir dhi a bhith air turas-mara ma bha tinneas-mara na thrioblaid dhi. Air an làimh eile, bha Peregrine ga misneachadh le bhith ag innse dhi gun robh dotair agus tè a bha na nurs air bòrd a bheireadh cuideachadh dhi.

9. Dè an rud neònach a thachair nuair a chaidh iad air tìr air Eilean Chòcaigh?

Cha do thill iad air bòrd a' bhàta idir agus ged a dh'fhuirich am bàta riutha, cha do nochd iad. Chan fhaca agus cha chuala duine sìon bhupa bhon uair sin, agus mar sin, chan eil fhios aig duine dè dh'èirich dhaibh.

10. Smaoinich air an sgeulachd air fad. Le fianais bhon teacsa, mìnich carson a tha an sgeulachd soirbheachail.

- Tha suidheachadh na sgeulachd cumanta gu leòr: daoine eadar-dhealaichte a' dol air turas-mara, an dèidh an dreuchd a leigeil dhiubh, cruinn còmhla air bòrd bàta agus a' faighinn eòlas air a chèile.
- Sgil an sgriobhadair ann a bhith a' sealltainn cò ris a tha daoine coltach 's cho eadar-dhealaichte is a tha iad bho chèile.
- Aire an leughadair air a chumail tron sgeulachd.
- Crioch caran neo-àbhaisteach? Do-chreidsinneach? Mac-meanmna air a chleachdadhbh ann an dòigh inntinneach?
- Beachd iomchaidh sam bith a tha a' tighinn a rèir na sgeulachd.